

Coinneamh: Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd
Ceann-là/Àm: 23 Sultain aig 09.30
Àite: Microsoft Teams

Geàrr– chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Comataidh an Làthair:

Stewart MacLeòid (Cathraiche) [SML]

Dòmhnall K Mac a’ Phì (DKM)

Rob MacFhionghuin [RM]

An làthair:

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra [NP]

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard [ED]

Orla NicDhòmhnaill [ON]

Esther Scoburgh, Sgrùdadh Alba [ES]

Leisgeulan:

Rob Dunbar

Scott McCready, Wbg

Daniel Melly, Sgrùdadh Alba

1.2. A’ nochdadh com-pàirt

DKM – Comunn na Gàidhlig

1.3. Gnothach Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Molaidhean Sgrùdaidh

2.1. Inbhe Molaidhean Sgrùdaidh

Dh’innis NP do Bhuill nach robh moladh sam bith air fhàgail ri rèiteachadh agus gun robh a’ chiad chuairt de lèirmheasan air an taobh a-staigh dìreach air a chrìochnachadh, leis an dùil gum biodh molaidhean air an taisbeanadh aig an ath choinneimh den Chomataidh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na buill am pàipear.

3. Rianachd Mhì-chinntean

3.1. Riaghladh Mhì-chinntean Ro-innleachdail

Thug NP fiosrachadh do Bhuill mu atharrachaidhean sam bith air a' chlàr agus air na cunnartan ùra a chaidh a chur ris bhon choinneimh Comataidh mu dheireadh.

Dh'iarr buill barrachd fiosrachaidh mu Riosg 6 a chaidh a chur ris a' chlàr. Mhìnich NP gun deach an cunnart seo a thogail aig seisean trèanaidh leis an Oifigeir Dìon Dàta agus gun robh beachd ann gum faodadh buaidh mhòr a bhith aig cùisean IT no buairidhean dàta air cliù na buidhne. Thug an Ceannard fa-near gu bheil ionnsaighean den t-seòrsa seo air buaidh a thoirt air luchd-ùidh, agus mar sin gu bheil e iomchaidh seo a bhith air a' chlàr. Thug NP agus ED fiosrachadh do Bhuill mu na ceumannan a bhios Bòrd na Gàidhlig a' gabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air an trèanadh gu h-iomchaidh a thaobh nan cuspairean seo. Bha deasbad ann an robh seo a' glacadh ìre an riosg obrachaidh gu leòr agus mar sin, cuiridh NP beagan fiosrachaidh a bharrachd ris a' cholbh mu bhuaidh.

Dh'fhaighnich buill an robh dùil aca gum biodh an ìre mu choinneamh Riosg 1 air a lùghdachadh uair sam bith, agus dh'innis ED dhaibh gun robh dùil gum fuiricheadh seo na riosg aig ìre àrd cho fad 's a bhiodh modail maoineachaidh aon-bhliadhna aig Bòrd na Gàidhlig.

Dh'iarr buill barrachd fiosrachaidh mu chonaltradh leis gu bheil e a' nochdadh air feadh clàr nam mì-chinntean. Dh'innis ED do Bhuill mu obair leantainneach gus an taobh seo den bhuidhinn a neartachadh agus mhìnich i mar a chuireas an dreuchd mar Cheannard Foghlaim is Phlanaichean ris an seo.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' chlàr mhì-chinntean.

4. Riaghlachas

4.1. Prògram obrach Comataidh Sgrùdadh is Dearbhachd

Thug NP geàrr-chunntas seachad air a' Phlana Obrach.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na buill am pàipear.

5. GISBE

Ceann-latha na h-ath choinneimh: 25/11/2025

Deireadh an t-Seisein